



# Ar n-Àm a dh'Fhalbh, Ar n-Àm ri Teachd

An Ro-innleachd airson Àrainneachd  
Eachdraidheil na h-Alba



## Ro-ràdh le Christina McKelvie BPA, Ministear airson Cultar, An Roinn Eòrpa agus Leasachadh Eadar-nàiseanta

Tha mi air leth toilichte ar ro-innleachd ath-ùraichte còig-bliadhna, *Ar n-Àm a dh'Fhalbh*, *Ar n-Àm ri Teachd*, aig àrainneachd eachdraidheil na h-Alba a chur fur comhair. Tha an ro-innleachd seo a' dèiligeadh ri ar dualchas co-roinnte agus a' meòrachadh air na buaidhean dearbhach a tha aig an àrainneachd eachdraidheil air daoine agus coimhearsnachdan air feadh na dùthcha agus an t-àite buannachdail a bhios aice nar beatha san àm ri teachd.

Tha àrainneachd eachdraidheil na h-Alba gun choimeas agus eadar-mheasgte. Tha i aithnichte gu h-eadar-nàiseanta tro ar culaidhean-iongnaidh dualchais suaicheanta, glè thrìc ainmichte mar aon de na prìomh adhbharan gum bi luchd-turais a' tadhal air Alba. Ach a thuilleadh air sin, chì sinn an àrainneachd eachdraidheil sna h-àiteachan far a bheil sinn a' fuireach, ag ionnsachadh, ag obair agus a' cluich. Tha i an làthair nar taigheadas, nar cruthan-tìre dùthchail, agus fiù nar bun-structar còmhhdhail. Tha i gun teagamh sam bith na prìomh phàirt de ar beatha, ge 'r bith càite ann an Alba a tha thu a' còmhnaidh – biodh e oirthreach, dùthchail no bailteil. Mar sin, tha e deatamach gun glèidh agus gun neartaich sinn na dìleaban air leth bho ar n-àm a dh'fhalbh, a leanas

orra gar cumadh agus a' neartachadh ar mothachaidh do dhearbh-aithne an-diugh agus san àm ri teachd.

Bha mòran bhuidhean dearbhach tarsainn na roinne dualchais san ro-innleachd àrainneachd eachdraidheil a bh' againn roimhe bho 2014, *Sinn Fhìn anns Gach Linn*, chaidh an ro-innleachd a chruthachadh ann an dòigh cho-obrachail, agus tha dàimhean nan suidhe aig cridhe nam mòran phròiseactan ùr-ghnàthach a tha an ro-innleachd air a lìbhrigeadh. A' gabhail ris gu bheil an t-susbaint ro-innleachdail air atharrachadh gu mòr on uair a chaidh *Sinn Fhìn anns Gach Linn* fhoillseachadh an toiseach, tha e ceart gu bheil dùbhlain a' tighinn am bàrr agus a' leantainn air riatanas a phiobrachadh gu na prìomhachasan don roinn ath-mheasadh.

Tha an ro-innleachd ùr a' co-thaobhadh ri prìomh àrd-amasan Riaghaltas na h-Alba a thaobh eaconamaidh maitheis a thogail, àiteachan nas fhulangaike, nas in-ghabhalaiche agus nas seasmaiche a chruthachadh, agus cothromachadh-carboin a libhrigeadh mar fhreagairt do dh'atharrachadh gnàth-shìde. Tha i a' puingeachadh a' ghealltanais in-ghnèitheach taobh a-staigh na h-àrainneachd eachdraidheil gun cur ri ar cinn-uidhe

agus ar targaidean nàiseanta, agus na buannachdan a tha ar dualchas a' tarraing chan ann a-mhàin gu eaconamaidh na h-Alba ach gu slàinte agus sunnd sluagh na h-Alba air fad. Is ann tro chonaltradh cudromach le raon farsaing agus eadar-mheasgte de ghuthan air feadh Alba agus air a taobh a-muigh, as urrainn dhuinn na dùbhlain ris a bheil sinn a' cothachadh a thionndadh gu cothroman.

Gu mòr coltach ri a ro-theachdaiche, tha an ro-innleachd seo airson nan uile. Tha mi deimhinnte gun urrainn dhuinn leantainn oirnn ag adhartachadh ar n-àrainneachd eachdraidheil dhrùidhteach tro obair com-pàirteachais agus co-obrachadh tar-roinneil, agus togail air ar coileanaidhean is dàimhean làithreach gus dèanamh cinnteach gum bi ar dualchas agus ar n-àrainneachd eachdraidheil air an gleidheadh agus air an neartachadh anns gach cruth do ghinealaichean ri teachd.

**Is e ar rùn, buannachdan àrainneachd eachdraidheil na h-Alba a chumail suas agus a neartachadh, do dhaoine agus do choimhearsnachdan an-dràsta agus don àm ri teachd.**

## Ar Prìomhachasan



Comasachadh an eadar-ghlusaid gu cothromachadh-carboin



Cumhachdachadh choimhearsnachdan agus àiteachan fulangach is in-ghabhalach



Togail eaconamaidh maitheis

## Clàr-innse

<u>A' dealbhachadh an Ro-innleachd</u>	6
<u>Mun Ro-innleachd</u>	7
<u>Càite Bheil Sinn An-Dràsta</u>	9
<u>Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba</u>	12
<u>Prìomh Staitistearachd</u>	14
<u>Prionnsabalan</u>	16
<u>Ar Aithris-rùin</u>	19
<u>Ar Prìomhachasan</u>	20
<u>A' tomhais Soirbheas</u>	40
<u>Ìbhriogadh</u>	44
<u>Stiùridhean Ro-innleachdail</u>	46

# A' dealbhachadh an Ro-innleachd




Diagram a' nochdadh rùn, prìomhachasan agus builean na ro-innleachd

# Mun Ro-innleachd



*Tha an comas don àrainneachd eachdraidheil gun chrìch – tha aoibhneas ann a bhith a' coimhead air ais, ach tha an àrainneachd eachdraidheil a' coimhead air adhart cuideachd.*

Joe Traynor, Scottish Civic Trust

Is e an sgrìobhainn seo ro-innleachd nàiseanta na h-Alba don àrainneachd eachdraidheil. Is e stòras nàiseanta a th' anns an àrainneachd eachdraidheil againn: tha i a' cruthachadh obraichean, a' saidhbhreachadh ar coimhearsnachdan agus a' cuideachadh le sgeulachd na h-Alba innse don t-saoghal mhòr. Is e goireas deatamach a th' innte nar eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin agus ann an cuideachadh àiteachan ionadail gu bhith soirbheachail. Tha sinn airson nam buannachdan a tha ar dualchas a' cruthachadh, a chumail suas agus a neartachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil an àrainneachd eachdraidheil aig teis-meadhan na beatha nàiseanta. Mar sin, tron sgrìobhainn seo, tha sinn a' stèidheachadh nam prìomhachasan a tha sinn airson na h-àrainneachd eachdraidheil a libhrigeadh mu choinneamh, thar nan còig bliadhna ri teachd.

Tha na prìomhachasan san ro-innleachd seo air an comharrachadh tro cho-chomhairleachadh le muinntir na h-Alba. Chuidich na co-chomhairlean sin leis na raointean a chomharrachadh far am faod an àrainneachd eachdraidheil a' bhuannachd as fheàrr a libhrigeadh sa ghrad-ama ri teachd. Ach chan eil na prìomhachasan sin a' gabhail a-steach a h-uile nì an lùib na

h-àrainneachd eachdraidheil, agus cha bu chòir am faicinn mar a bhith a' tighinn air chosgais na prìomh ghnìomhachd a tha gar cuideachadh leis na buannachdan sin fhàotainn. Fuirichidh tuigsinn, dìon agus luachadh na h-àrainneachd eachdraidheil aig teis-meadhan ar comais air an cur aig cridhe dùthaich Alba a bhios soirbheachail agus seasmhach.

Tha an ro-innleachd seo a' tighinn aig àm far a bheil atharrachadh agus dùbhlàn glè mhòr. Sin an t-adhbhar gum feum sinn obrachadh còmhla tarsainn chuspairean poileasaidh, roinnean gnìomhachais, agus crìochan nàiseanta agus ar rùn a choileanadh. Mar sin, tha an ro-innleachd seo na ro-innleachd cho-obrachail, ann an seilbh agus libhrigte leis gach neach. Tha àite againn uile ri choileanadh – an roinn phoblach, gnothachas, na roinnean carthannais is treas roinnean, sealbhadairean prìobhaideach agus coimhearsnachdan air feadh na dùthcha. Mar sin, nuair a tha an ro-innleachd seo a' bruidhinn air na nithean as urrainn “dhuinn” a dhèanamh, tha i a' toirt iomradh air muinntir na h-Alba. Obraichidh an roinn phoblach – fo stiùir Àrainneachd Eachdraidheil Alba – gus libhrigeadh air prìomh eileamaidean a' phlana a ghoireasachadh, a chomasachadh agus a stiùireadh, agus sgrùdadh is aithris air libhrigeadh a cho-òrdanachadh.

Tha an ro-innleachd na suidhe ri taobh agus ag obrachadh le Ro-innleachd Cultarail airson Alba, Scotland's Museums and Galleries Strategy, agus le planaichean nàiseanta leithid National Strategy for Economic Transformation, Infrastructure Investment Plan, National Planning Framework, Volunteering for All Action Plan, Plana Nàiseanta na Gàidhlig, Scotland's Climate Change Plan, agus Ro-innleachd air teas ann an togalaichean gus na builean as làidire a lìbhrigeadh do mhuintir na h-Alba.

Tha ar n-àm a dh'fhalbh air ar dùthaich agus ar coimhearsnachdan a chumadh. Tha e air Alba a dhèanamh mar a tha i an-diugh, agus air ar fàgail le dualchas a tha gar co-cheangal ri daoine agus àiteachan air feadh an t-saoghail. Tron ro-innleachd seo, agus tro cho-obrachadh sìos agus suas tron dùthaich, cleachdaidh sinn an dìleab sin gus àm teachdail nas cothromaiche agus nas seasmhaiche a thogail do na h-uile.

## Càite Bheil Sinn An-Dràsta

Chaidh *Sinn Fhìn anns Gach Linn: Ro-innleachd Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba (OPiT)* fhoillseachadh ann an 2014. B' e a' chiad ro-innleachd aig Alba airson na h-àrainneachd eachdraidheil agus tharraing e daoine agus buidhnean còmhla bho air feadh na dùthcha gus prìomhachasan gnìomhaidh a chomharrachadh. On a chaidh *OPiT* a leasachadh ge-tà, tha mòran air atharrachadh. Tha sinn air fàs tràth cudromach ann fhaicinn an eaconamaidh turasachd dualchais, gu mòr fo bhuidhean pandamaig COVID-19, fhad 's a tha ainmeachadh air cùis-èiginn gnàth-shìde ga dhèanamh riatanach dhuinn gluasad sa bhad a dh'ionnsaigh cothromach-carboin. Tha fàs obann ann an atmhorachd agus casg air sruthadh cunbhalach air solar air cosgaisean bathair agus seirbheisean àrdachadh gu mòr, a' cur cuideam cruaidh air dachaighean is gnothachasan. Tha fulangas an dà chuid buidhnean agus daoine air a bhith air a dheuchainn, a' fàgail buaidhean àicheil air sunnd dhaoine fa leth agus coimhearsnachdan. Le prìomhachasan poileasaidh a' tighinn am bàrr mu choinneamh nan leasachaidhean sin, tha e ceart beachdachadh air ar n-amasan do àrainneachd eachdraidheil na h-Alba agus an t-àite a bu chòir a bhith aice sa bheatha nàiseanta.

Gu fortanach, tha fianais agus gnìomhachd againn airson beachdachadh air nuair a bhios sinn a' dèanamh measadh. Bho luachadh

air *OPiT*, tha fios againn gun do choilean an ro-innleachd dreuchd fheumail do mhòran dhaoine agus bhuidhnean. Sholaraidh i cànan coitcheann agus tèaman coitcheann mum faodadh planadh ro-innleachdail a cho-thaobhadh, agus lean sin gu soirbheachasan sònraichte leithid foillseachadh air [Guide to Climate Change Impacts](#), [Skills Investment Plan for Scotland's historic environment](#) agus foillseachadh air iomairt saor-thoileach [Make Your Mark](#). Chuidich i cuideachd le deasbadan eagrachadh mu thimcheall [prìomhachadh do ar n-àrainneachd thogte agus eachdraidheil](#), agus lean sin gu cruthachadh air [Poileasaidh Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba](#) agus a' chiad [Ro-innleachd Arc-eòlais na h-Alba](#).

Tro aithris gnìomhaidh agus gu h-àraid tron [t-saidhbhreas de sgrùdaidhean cùise bho bhuidhnean air feadh Alba thar nam bliadhnaichean](#), tha sinn air fianais chudromach a chur ri chèile de na builean a tha àrainneachd eachdraidheil na h-Alba air a thoirt am follais dhuinn. Tha an dàta seo a' taisbeanadh raon de bhuidhean nàiseanta agus ionadail, bho bhith a' cur shùimean cudromach ri GDP na h-Alba, gu bhith a' cruthachadh bhuanachdan fad-sheasmhach taobh a-staigh choimhearsnachdan. Mar sin, tha gleidheadh nam buannachdan sin a cheart cho cudromach ri bhith ag atharrachadh gus prìomhachasan ùra a choinneachadh.



Tha an ùine ùr ro-innleachdail seo a' tòiseachadh ann an àite a tha fìor dhùbhlach ge-tà, agus tha àrainneachd eachdraidheil na h-Alba a' dèiligeadh ri barrachd chuideaman a-nis na bha aig àm sam bith eile san àm a dh'fhalbh. Còmhla ri buaidh leòinteach pandamaig COVID-19 agus cosgaisean connaidh agus stuthan ag èirigh, tha sinn a' cothachadh ri gainnead deatamach de phrìomh sgilean. Tha buaidhean àicheil atharrachadh na gnàth-shìde gam faireachdainn mar-thà, le tachartasan mòra aimsire a' toirt buaidh air togalaichean, bun-structar, agus culaidhean-tarraing luchd-turais air feadh na dùthcha. Chan eil an saoghal deiseil fhathast airson nan targaidean lùghdachaidh air sgaoilidhean a choileanadh, a chaidh a stèidheachadh le Aonta Paris, agus chan e a-mhàin gu bheil obair mhòr againn ri dhèanamh agus ar sgaoilidhean a ghearradh sìos, feumaidh sinn cuideachd atharrachadh agus buaidhean gnàth-shìde nas teotha a choinneachadh. Cha bhi sinn comasach ge-tà air gach stòr dualchais a dhìon agus feumaidh sinn roghainnean duilich a dhèanamh mu na

h-àiteachan eachdraidheil sam bi sinn a' tasgaidh agus na h-eileamaidean de ar dualchas as urrainn dhuinn a chumail suas mu choinneamh an ama ri teachd. Agus feumaidh sinn dèiligeadh ri seo uile taobh a-staigh àrainneachd maoinachaidh a tha doirbh agus tarsainn raon-ama sam bi gnothachasan agus buidhnean coimhearsnachd a' cuimseachadh air na dùbhlain làithreach a tha an lùib a bhith a' soirbheachadh agus ag ath-shlànachadh.

Ach tha cothrom ann an dùbhlach. Tha an àrainneachd eachdraidheil na stòras do dh'Alba; airson dùthaich nas cothromaiche agus nas uaine a thogail. Le bhith a' cuimseachadh air cùisean de sheasmhachd, fulangas, sunnd, agus cumhachdachadh, faodaidh sinn ar spionnadh a stiùireadh chan ann a-mhàin a dh'ionnsaigh taic do dhaoine agus buidhnean tron chùis-èiginn làithreach aca, ach cuideachd gus àm teachdail nas fheàrr a chumadh, agus cuideachadh nas làidire agus nas seasmhaiche a thoirt tarsainn raointean eaconamach, àrainneachdail, slàinte, agus prìomh raointean poileasaidh eile.



*Tha an ceangal sin ris an àm a dh'fhalbh fìor chudromach a thaobh mar a tha daoine a' faireachdainn mothachadh de bhith nam pàirt de an coimhearsnachd; tha cùram aca mu dheidhinn agus mar sin mu chàch a chèile, agus anns an dòigh sin tha an àrainneachd eachdraidheil a' stiùireadh atharrachadh san àm ri teachd.*

**Douglas Westwater, Community Enterprise**

# Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba

**Tha an àrainneachd eachdraidheil na fianais chorporra air gnìomhachd daonna san àm a dh'fhalbh. Tha i a' co-cheangal dhaoine le àite agus leis na traidiseanan, sgeulachdan, agus cuimhneachain co-cheangailte ri àiteachan is cruthan-tìre.**

**Tha an àrainneachd eachdraidheil na pàirt de ar beatha làitheil. Tha i a' toirt caractar do ar cruthan-tìre, a' neartachadh agus ag àrdachadh ar coimhearsnachdan ionadail, agus a' cuideachd le mothachadh de àite a chruthachadh.**

Is e nì corporra a th' anns an àrainneachd eachdraidheil; eadar gur e togalach, carragh-cuimhne, làrach no cruth-tìre a th' ann; os cionn na talmhainn no fon talamh, no fon uisge. Faodaidh e a bhith cudromach gu cultarach, agus bunaiteach do ar tuigse den àm a dh'fhalbh agus do na daoine aig an robh beatha romhainne; no dreuchd nas èifeachdaiche a choileanadh tro sholarachadh dachaigh, àite-obrach, pàirc phoblach, fearann àiteachais, no ospadal. Faodaidh an àrainneachd eachdraidheil àiteachan a chruthachadh airson fois, cur-seachad, turasachd agus foghlam, no àiteachan do nàdar a bhith a' soirbheachadh. Agus ged is e nì fiosaigeach a th' ann an àrainneachd eachdraidheil, tha i air a cumadh le nithean do nach urrainn dhuinn suathadh no nach fhaic sinn: le sgeulachdan, traidiseanan, agus

bun-bheachdan a tha a' cuideachadh le brìgh, cudromachd agus luach a thoirt do lorgan fiosaigeach an ama a dh'fhalbh. Mar sin, aig a cridhe, tha an àrainneachd eachdraidheil mu dheidhinn dhaoine, agus mu dheidhinn ar n-àm a dh'fhalbh, an àm làithreach agus mun àm ri teachd. Tha i mu dheidhinn ar ceanglaichean le càch a chèile agus le ar n-àiteachan agus ar planaid; mu dheidhinn nan dileaban a tha sinn a' faighinn agus iadsan a tha sinn a' fàgail air ar cùlaibh. Is i an àrainneachd eachdraidheil sgeulachd na h-Alba. Agus is i àm teachdail na h-Alba.

Chan eil àrainneachd eachdraidheil na h-Alba ann an seilbh no fo chùram aon neach no aon bhuidheann sam bith. Tha pàirt aig gach neach anns an àrainneachd eachdraidheil agus tha gach neach a' cur luach oirre ann an diofar dhòighean. Do mhòran dhaoine, bidh an àrainneachd eachdraidheil na dachaigh air a bheil seilbh aca no a th' aca air màl, an nàbaidheachd sa bheil iad a' còmhnaidh, no na caistean agus ionadan turasachd air am bi iad a' tadhal aig àm saor. Do chàch,

is iad na h-oifisean sa bheil iad ag obair no air an coisich iad seachad, no na tuathanasan no na cruthan-tìre a tha iad a' ruith no air a bheil iad a' coiseachd. Cuiridh cuid de dhaoine luach air an àrainneachd eachdraidheil mar stòras eaconamach, agus do chuid eile faodaidh i a bhith na tùs dearbh-aithne, na goireas ionnsachaidh, no na lasair cruthachalachd. Gheibh cuid de dhaoine cho dlùth rithe 's as urrainn dhaibh, le bhith a' toirt ceum a-steach do thrainnse, trubhal na làimh gus an t-àm a dh'fhalbh a chladhach, no a' rùrach ann an clàran tasglainn gus tuilleadh fhaighinn a-mach mu an sgìre ionadail aca. Gabhaidh feadhainn eile ris an àrainneachd eachdraidheil dìreach mar chùl-raon fhad 's a tha iad a' coiseachd leis a' chù no a' toirt an cuid chloinne don sgoil. Tha an ro-innleachd seo a' gabhail ris an leud mhòr a tha an àrainneachd eachdraidheil a' cuairteachadh, agus an fhìrinn gu bheil pàirt aig gach neach ann an Alba anns an dòigh a tha i air a ruith agus air a roinn leis an t-saoghal mhòr. Agus ged a tha an ro-innleachd seo mu dheidhinn prìomhachasadh bhuilean sònraichte agus ag obair gus iad sin a thoirt chun na h-ìre as àirde, chan eil seo a' ciallachadh gur e an aon dòigh a tha no as urrainn don àrainneachd eachdraidheil buannachd a thoirt do ar dùthaich agus ar coimhearsnachdan.

Ged a tha an àrainneachd eachdraidheil mar a' phrìomh raon cuimseachaidh san ro-innleachd seo, chan eil i ach mar aon phàirt de dhualchas na h-Alba. Tha an


àrainneachd eachdraidheil na suidhe taobh ri taobh leis a' chultar stuthail a tha air fhàgail againn leithid taigh-tasgaidh, gailearaidh, agus cruinneachaidhean tasglainn; dualchas do-bheantainn nan sgeulachdan, traidiseanan, deas-ghnàthan, ciùird, cleachdaidhean, ceòl agus bàrdachd; agus ar dualchas nàdarra: an iomadachd beatha leis a bheil sinn a' roinn ar planaid, air a chumadh tro mhìltean de bhliadhnaichean de chomainn-shòisealta mac an duine agus billeanan de bhliadhnaichean de mhean-fhàs. Tha cuid de na togalaichean is carraighean-cuimhne as ainmeile ann an Alba a' faotainn brìgh tro dheas-ghnàthan, cleachdaidhean no gnìomhadh. Tha tasglannan ag innse dhuinn sgeul nan togalaichean eachdraidheil; cruinneachaidhean taigh-tasgaidh ag innse na sgeul mun dòigh a bha daoine beò ann an àite sònraichte. Tha cruthan-tìre, fearann coillteach agus àrainneachdan ar dùthcha air an cumadh tro linntean de chòmhnaidh, stiùireadh agus dealbhadh daonna, fhad 's a tha Gàidhlig, Albais agus Cànan Soidhneachaidh Bhreatainn – a thuilleadh air cànanan air an labhairt le coimhearsnachdan imriche na h-Alba – deatamach do ar dualchas cho-roinnte a thuigsinn agus a chur air adhart. Tha an ro-innleachd seo a' dlùth-ghabhail agus a' comharrachadh nam mòran sheòrsachan dualchais a tha a' toirt dath agus iomadachd do dh'Alba an latha an-diugh, agus a' tuigsinn gu bheil an àrainneachd eachdraidheil air a cumadh agus air a saidhbheachadh leis gach eileamaid.




# Prìomh Staitistearachd

Fhad 's a tha **93%** de mhuinntir na h-Alba ag ràdh gu bheil e cudromach gum bi dualchas na h-Alba air a dheagh choimhead às a dhèidh, chan eil ach **76%** den bheachd gu bheil dualchas na sgìre ionadail aca fo dheagh chùram

(Scottish Household Survey, 2021)



## Tha tuairmse gu bheil togalaichean traidiseanta a' dèanamh suas:



Bhon Mhàrt 2023, tha àrainneachd eachdraidheil na h-Alba a' faotainn taic bho chòrr air **58,000** tiotal:

- |  |  |
|--|--|
|  <b>6</b> seilbheachdan Dualchas na Cruinne          |  <b>8</b> raointean dìonta mara eachdraidheil           |
|  <b>8,300</b> carragh-cuimhne clàraichte             |  <b>40</b> raon fradharacach nàiseanta                  |
|  <b>47,500</b> togalach clàraichte                   |  <b>1,400</b> làrach de shuim shònraichte eachdraidheil |
|  <b>672</b> làrach glèidhteachais                    |  <b>43</b> tèarmainn nàdair nàiseanta                   |
|  <b>388</b> gàrraidhean is cruthan-tìre dealbhaichte |  <b>2</b> phàirc nàiseanta                              |
|  <b>40</b> raon-cogaidh eachdraidheil                |  <b>2</b> thèarmann bith-chruinne                       |

Tha **95%** de àrainneachd eachdraidheil na h-Alba neo-ainmichte.

(ALGAO: Scotland)

Chan eil ach **15%** de thasgadh ann an àrainneachd eachdraidheil na h-Alba a' tighinn bhon roinn dualchais; tha **60%** air a chaitheamh le teaghaichean no leis an roinn phrìobhaidich, agus **25%** leis an roinn phoblaich agus an treas roinn.

(Built Heritage Investment Group)

**Tha mu £1.2bn** air a chosg gach bliadhna an lùib càradh agus cumail suas stoc thogalaichean eachdraidheil na h-Alba. Ach cosgaidh e timcheall air **£6.6bn** airson togalaichean còmhnaidh eachdraidheil na h-Alba iompachadh gu teasachadh carbon-ìosal.

(obrachaidhean a-mach SHEA agus HES)

**Aig 53%, tha an co-chuid as àirde de stoc taigheadais ro-1946 san Roinn Eòrpa ann an Alba**, ann an coimeas ri 38% don RA agus 22% air feadh an EU.

(BRE Trust, 2020)

**Thadhail còrr air 18 millean** neach air ionadan dualchais ann an 2019, le leth de luchd-turais eadar-nàiseanta uile ag aithris dualchas mar am prìomh adhbhar airson an turais a dh'Alba.

(SHEA agus VisitScotland)



Chosg luchd-turais a bha a' gabhail a-steach ionadan dualchais mar phàirt de an turas, còrr air **£3.2 billean ann an 2019**.

(SHEA, coimeasan bho Scottish Annual Business Statistics, 2019)

## Tha an tabhartas seo coimeasach ri tionndadh-airgid





# Prionnsabalan

Ann an obrachaidh a dh'ionnsaigh ar rùin, bidh sinn air ar treòrachadh leis na prìomh phrionnsabalan a leanas:



**Feumaidh sinn daoine a chur aig cridhe na ro-innleachd seo**

Tha an àrainneachd eachdraidheil a' cruthachadh fìor bhuannachdan do dhaoine. Tha an ro-innleachd seo mu dheidhinn a bhith a' stiùireadh oidhirp gus na builean as fheàrr bhon àrainneachd eachdraidheil a libhrigeadh do dhaoine air feadh Alba. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' cur dhaoine aig teis-meadhan cho-dhùnaidhean, gun a bhith dìreach ag èisteachd ach a' cumhachdachadh dhaoine gu co-dhùnaidhean a dhèanamh mu na nithean a tha a' toirt buaidh orra. Tha e a' ciallachadh a bhith ag obair le cosnaichean, le saor-thoilich, le luchd-seilbhe thaighean, agus le coimhearsnachdan ionadail gus an dòigh as fheàrr air nithean a dhèanamh a thuigsinn. Agus tha e a' ciallachadh a bhith gnìomhach a' cur

taic ri buidhnean fo-riochdaichte no air an iomall, gus bacaidhean air com-pàirt a chomharrachadh agus fhuasgladh, agus a bhith a' tuigsinn 's ag obair a dh'ionnsaigh cur-às do leth-breith no leiteachas san àite-obrach againn.



**Feumaidh sinn obrachadh air cùis-èiginn na gnàth-shìde agus bith-iomadachd**

Tha sinn ann am meadhan cùis-èiginn gnàth-shìde le feum air an eaconamaidh againn a dhi-charbonachadh gu luath. Aig an aon àm, feumaidh sinn an call uabhasach air planntais is ainmhidhean a thilleadh, a tha air a bhith a' dol air adhart ann an Alba mar àiteachan eile air feadh na cruinne, agus riatanach ar ceangal ri nàdar ath-stèidheachadh. Tha àite deatamach aig an àrainneachd eachdraidheil ann a bhith a' cur taic ri obraichean math uaine agus stuthan carbon-ìosal agus sgilean adhartachadh. Ach chan eil tìde air ar taobh: feumaidh sinn tòiseachadh an-dràsta fhèin, agus gnìomhadh gu luath, agus bu chòir na draghan sin a bhith a' stiùireadh gach nì a tha sinn a' dèanamh.



**Feumaidh sinn ar n-àrainneachd eachdraidheil a dhìon agus adhartachadh**

Tha ar dualchas – eadar gu bheil e beantainneach no do-bheantainn, cultarach no nàdarra – ag àrdachadh ar càileachd beatha agus tha e na ghoireas a tha fìor luachmhor gu h-eaconamach, sòisealta, àrainneachdail agus cultarach. Tha e mar fhiachaibh oirnn do na ginealaichean ri teachd, stòras fhàgail aca a dh'fhaodas iad a mheas luachmhor, tlachd a ghabhail às agus buannachd fhaotainn às mar a tha sinn a' dèanamh san latha an-diugh. Tha coileanadh air seo ag iarraidh gum bi ar n-àrainneachd eachdraidheil ann an suidheachadh fallain, agus air a cleachdadh le spèis agus gu seasmhach. Tha tuigse don àrainneachd eachdraidheil – agus na nithean a tha ga dèanamh speisealta – bunaiteach don seo, dìreach mar a tha a bhith comasach air prìomhachas a dhèanamh air na stòrasan a bhios sinn a' cumail suas.



**Feumaidh sinn co-obrachadh tarsainn roinnean**

Tha ar rùn àrd-amasach agus mar an ceudna ar gnìomhan. Ach tha e riatanach gum bi pàirt aig gach neach anns an rùn agus na gnìomhan sin a choileanadh. Tha feum aca air taic bho agus conaltradh le roinnean no gnìomhachasan taobh a-muigh dualchas, le feum againn air com-pàirteachasan a leasachadh a tha dha-rìribh cruthachail, fosgarra, agus co-obrachail. Gus ar builean a libhrigeadh, togaidh sinn ceanglaichean ùra agus dàimhean ùra gus a' bhuannachd as àirde fhaotainn do shluagh na h-Alba, agus an t-àite a tha aig an àrainneachd eachdraidheil adhartachadh ann an coileanadh chinn-uidhe agus phrìomhachasan nàiseanta.





### Feumaidh sinn obrachadh còmhla gus co-dhùnidhean math a dhèanamh

Tha taisg aig gach neach anns an àrainneachd eachdraidheil. Bidh co-dhùnidhean math a' beachdachadh air gach taobh den àrainneachd eachdraidheil agus air na diofar dhòighean a tha an slugh a' cur luach air. Tha co-dhùnidhean math follaiseach agus ag aithneachadh gum faod raon farsaing de fheartan buaidh a thoirt air an àrainneachd eachdraidheil ann an diofar dhòighean. Tha goireasan cuibhrichte a' ciallachadh nach urrainn dhuinn a h-uile nì a choileanadh. Feumaidh sinn a bhith deiseil airson co-dhùnidhean doirbh a dhèanamh agus ar gnìomhan a phrìomhachadh gus na builean as fheàrr a ghabhas a thoirt gu ceann. Bu chòir do cho-dhùnidhean sam bith aig a bheil buaidh air an àrainneachd eachdraidheil a bhith air am fiosrachadh tro thuigse in-ghabhalach de na builean a tha comasach do dhaoine agus do choimhearsnachdan. Tha conaltradh tràth agus dlùth cho-obrachadh aig cridhe seo a dhèanamh cinnteach, mar a tha aithneachadh gu bheil gach coimhearsnachd diofraichte agus gum feum sinn ar n-obair agus ar dàimhean atharrachadh mar thoradh air sin.



### Feumaidh sinn sgioba-obrach in-ghabhalach, eadar-mheasgte agus sgileil àrach agus fhàs

Tha àrainneachd eachdraidheil na h-Alba a' faotainn taic bho raon de dhaoine, agus feumaidh an ro-innleachd seo taic a thoirt dhaibhsan uile a tha ag obair leis an àrainneachd eachdraidheil, eadar gu bheil iad a' dèanamh sin mar phroifeiseantaich phàighte no mar shaor-thoilich. Bu chòir don sgioba-obrach againn comann-sòisealta na h-Alba a nochdadh agus a bhith fosgailte do mheasgachadh de sheallaidhean agus de bheachdan ùra. Tha feum aig an sgioba-obrach againn cuideachd air na sgilean a tha riatanach gus a bhith freagarrach don àm ri teachd, leis na sgilean sin air an luachadh agus air an adhartachadh, agus slighean gu na sgilean sin fhaotainn, a bhith fosgailte do na h-uile. Tha taic do dhaoine a bhios a' rannsachadh, a' toirt cùram do, agus ag adhartachadh na h-àrainneachd eachdraidheil, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil ar n-àiteachan obrach in-ghabhalach agus cho cothromach 's a ghabhas, deatamach do ar rùn a choileanadh.

## Ar Aithris-rùn

# Is e ar rùn, buannachdan àrainneachd eachdraidheil na h-Alba a chumail suas agus àrdachadh do dhaoine agus do choimhearsnachdan, a-nis agus air adhart don àm ri teachd.

Tha an ro-innleachd seo a' gabhail ri modh-obrach stèidhichte air rùn, oir tha fuasgladh nan dùbhlàn – agus toirt an fheum as fheàrr à cothroman mu choinneamh Alba, feumach air iomadh dual gnìomhachd tarsainn iomadh com-pàirtiche agus iomadh roinn. Tha stèidheachadh air rùn a' suidheachadh slighe gluasaid agus a' cuideachadh leis na gnìomhan air a bheil feum a chomharrachadh gus adhartas èifeachdach a dhèanamh air an t-slighe sin.



## Ar Prìomhachasan

Tha an ro-innleachd seo a' cuimseachadh air gnìomhachd do an urrainn an àrainneachd eachdraidheil a' bhuannachd as motha a lìbhrigeadh às leth muinntir na h-Alba thar nan còig bliadhna a tha romhainn. Tro cho-chomhairle agus com-pàirt, tha trì raointean prìomhachais cudromach air an comharrachadh. Is iad sin raointean dùbhlain mhòra aig ìre nàiseanta a tha nam prìomhachas do dhaoine fa leth, coimhearsnachdan agus gnothachasan air feadh na dùthcha, a cheart uimhir 's a tha iad do Riaghaltas na h-Alba. Le bhith a' toirt cuimse shònraichte do na raointean sin nan gnìomhachdan, faodaidh neach sam bith a tha ag obair leis an àrainneachd eachdraidheil – eadar gu bheil sin dìreach no neo-dhìreach – dèanamh cinnteach gu bheil iad a' lìbhrigeadh an aghaidh cuid de na prìomhachasan as àirde san dùthaich. Ged nach fhuasgail an àrainneachd eachdraidheil leatha fhèin na duilgheadasan uile an lùib nan cuspairean sin, tha fios againn gum faod i àite làidir a choileanadh ann an lìbhrigeadh mu choinneamh nan trì raointean uile.

Airson barrachd cuideachaidh le goireasan targaidte, gnìomhachd a cho-thaobhadh, agus soirbheachas a mhìneachadh, tha an ro-innleachd a' comharrachadh grunn builean fo gach ceann prìomhachais a dh'ionnsaigh am faod sinn obrachadh còmhla. Tha e cuideachd a' comharrachadh cuid de ghnìomhan àrd-ìreil a dh'fhaodas cuideachadh leis na builean sin a choileanadh. Chan iad sin a-mhàin na gnìomhan a ghabhas sinn os làimh gus an ro-innleachd a lìbhrigeadh, agus feumaidh sinn a bhith sùbailte agus freagarrachail gus coinneachadh ri suidheachaidhean ag atharrachadh. Feumaidh sinn gnìomh cuideachd aig iomadh ìre: bho chinn-teaghlaich agus uachdarain, tro bhuidhnean stèidhichte ionadail agus roinneil, gu institiùdan nàiseanta agus buidhnean poblach. Mar sin, tha co-obrachadh aig cridhe a bhith soirbheachail mar a tha a bhith ag obrachadh tarsainn roinnean no crìochan roinneil. Bheir obrachadh còmhla gus ar builean a choileanadh, sinn nas fhaisge do ar rùn a thoirt gu buil, fhad 's a tha fìor dhiofar ga dhèanamh air beatha dhaoine aig an aon àm.

### Is iad ar prìomhachasan:



Comasachadh an eadar-ghluasaid gu cothromachadh-carboin



Cumhachdachadh choimhearsnachdan is àiteachan fulangach is in-ghabhalach



Togail eaconamaidh maitheis





## Prìomhachas 1 – Comasachadh an eadar-ghlusaid gu cothromachadh-carboin

Air feadh na RA, tha e air ro-innse gun leanadh uidheamachadh na roinne togail leis na sgilean a tha riatanach gus togalaichean eachdraidheil air feadh na RA iar-fhreagarrachadh leis na sgilean riatanach, gu **£35bn a bharrachd a bhith air a ghinteadh gach bliadhna, a' cumail taic ri 290,000 obair.**

(Grosvenor, do Historic England)

Bidh feum air **10,000** obair ùr thar nan deich bliadhna a tha romhainn gus stoc togail traidiseanta na h-Alba a chumail suas agus a fhreagarrachadh.

(anailis HES air dàta ro-innse gnìomhachais Leasachadh Sgilean na h-Alba)

Thar nan 30 bliadhna mu dheireadh, **tha an teothachd chuibheasach ann an Alba air èirigh 0.5°C, tha geamhraidhean na h-Alba air fàs 5% nas fliuiche, agus tha an ìre mara mu thimcheall oirthir na h-Alba air meudachadh suas ri 3cm gach deich bliadhna.**

Targaidean na h-Alba ann an 2030 airson teas ann an togalaichean:

**68%** – an lùghdachadh ann an gasaichean taigh-glainne bho thogalaichean

**22%** – an àireamh sa cheud de theas gu bhith air a thoirt dìreach bho thùsan ath-nuadhachail.

### Is e an diofar a tha sinn airson a dhèanamh:



#### Buil 1:

Sgaoilidhean bhon àrainneachd eachdraidheil air an lùghdachadh



#### Buil 2:

Tha an àrainneachd eachdraidheil nas fhulangaidhe do ghnàth-shìde



#### Buil 3:


Slighean air an leasachadh do sgilean àrainneachd eachdraidheil



Tha an àrainneachd eachdraidheil ann an seilbh, air a gabhail thairis, air a cleachdadh, agus air a làn-mheas leis na milleanan. Tha i na pàirt dheatamach de ar bun-structar nàiseanta agus na prìomh stòras nar n-oidhirpean ann an dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-shìde. Tha a bhith a' toirt an fheum as fheàrr à beatha fheumail ar togalaichean, a' cur bacadh air sgudal agus a' lùghdachadh sgaoilidhean carboin, fhad 's a tha stiùireadh math air cruth-tìre a' cuideachadh le bith-iomadachd adhartachadh agus carbon a shùghadh a-steach tro àrach air planntais agus talamh.

Chan eil a bhith a' gabhail cùram don àrainneachd eachdraidheil a' ciallachadh nach eil atharrachadh a' tachairt ge-tà. Bidh beagan atharrachaidh riatanach ma tha ar bun-structar eachdraidheil gu bhith deiseil airson aghaidh a chur ri atharrachadh saoghail agus atharrachadh gnàth-shìde. Tha feum againn air ar n-àrainneachd eachdraidheil a bhith fulangach mu choinneamh nam bagairtean sin, agus tha fulangas a' còmhach barrachd na dìreach an dìon a tha sinn a' toirt do ar dualchas fhiosaigeach. Tha

e a' ciallachadh na sgilean agus stuthan ceart airson obrachadh leis an àrainneachd eachdraidheil, anns na h-àiteachan ceart, agus aig a' chosgais cheart. Tha e a' ciallachadh lùghdachadh air na sgaoilidhean bhon dòigh a tha sinn ag obair, agus bho dhaoine a' tadhal air làraichean eachdraidheil no togalaichean. Agus tha e a' ciallachadh eòlas ceart airson obrachadh le ar dualchas, gus am bi na buannachdan air am buileachadh gu seasmhach, agus gus an urrainn do gach neach co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh mu àm teachdail nan stòrasan do bheil cùram aca. Le bhith a' libhrigeadh mu choinneamh ar gealltanasan a thaobh cothromachadh-carboin, cha bhi sinn dìreach a' cuideachadh le àm teachdail fad-amail àrainneachd eachdraidheil na h-Alba a dhèanamh cinnteach, ach a' cruthachadh obraichean air feadh na dùthcha, a' gleidheadh caractar nan àiteachan ionadail, a' cruthachadh dhachaighean is oifisean nas blàithe a tha nas saoire an ruith, agus a' cur taic ri cruthan-tìre a tha a' leigeil le daoine agus nàdar soirbheachadh còmhla.



## Mar a nì sinn seo:

Tha gnìomhan libhrigidh mu choinneamh a' phrìomhachais seo, a' gabhail a-steach:

- Bun-loidhne sgaoilidhean carboin a stèidheachadh do stoc thogalaichean eachdraidheil na h-Alba
- Mapa shlighean àrainneachd eachdraidheil a leasachadh airson cothromachadh-carboin, le taic bho phoileasaidhean agus stiùireadh buntainneach
- Tagradh ath-sgrùdaidh air VAT airson càradh agus cumail suas
- Modh cleachdaidh stuthach adhartachadh ann an tomhasan air èifeachdas cumhachd ann an togalaichean eachdraidheil
- Comhairle, taic agus stiùireadh a thoirt seachad do dhaoine a tha a' coimhead ri sgaoilidhean thogalaichean eachdraidheil a lùghdachadh, no a tha a' coimhead ri ullachadh agus freagairt do dh'atharrachadh gnàth-shìde
- Obrachadh gus sgaoilidhean bho thursan turasachd dualchais a lùghdachadh
- Dèanamh cinnteach gun urrainn do phrògraman thabhartasan dualchais ceumannan freagarrachaidh a mhaoineachadh
- Obrachadh a dh'ionnsaigh tuigse nas fheàrr air mar as urrainn don àrainneachd eachdraidheil cur ri ath-leasachadh bith-iomadachd agus buannachd
- Ath-sgrùdadh is leudachadh Skills Investment Plan for Scotland's historic environment gus na cothroman agus na gnìomhan a chomharrachadh, air a bheil feum airson eag-shiostam sgilean seasmhach a chruthachadh, agus libhrigeadh air trèanadh sgilean dualchais a leasachadh
- An rannsachadh agus bun-structar leasachaidh do dhualchas ann an Alba a dhèanamh nas fheàrr agus a neartachadh, le bhith a' cruthachadh ionadan nàiseanta ùra airson sgilean agus ùr-ghnàthachadh.



*Tha sealbhadairean prìobhaideach a' gabhail cùram don phàirt as motha de dhualchas ar nàisein. Tha e cudromach gun cuir sinn taic riutha ann a bhith a' dèanamh roghainnean fiosraichte, air prìs reusanta agus seasmhach.*

Andrew Hopetoun,  
Historic Houses Scotland



## Sgrùdadh Cùise: Togail aig Ìre Sluaigh: Togail gnìomh gnàth-shìde dhearbhadh bho mhòine



### Slighe àrsaidh gu àm teachdail nas fheàrr

Tha sgioba de luchd-rannsachaidh, proifeiseantaich togail, agus buill coimhearsnachd air tighinn còmhla gus ar tuigse a dhoimhneachadh do mar a dh'fhaodas togail mòine, a bha lìonmhor aig aon àm, a bhith na phàirt de ar n-àm ri teachd a bhith saor bho charbon. Tha am pròiseact, maoinichte le HES agus UK Economic and Social Research Council Impact Accelerator, air togail structaran mònach nuadh-aimsireil fheuchainn a-mach, agus a' tabhann trèanadh ann an ciùird àrsaidh.

Gu deatamach, rinn iad measadh air seasmhachd an lùib a bhith a' cleachdadh mòine san latha an-diugh, rannsachadh air mar a dh'fhaodadh eaconamaidhean cuairteach ro-eachdraidheil ann an eisimeil ath-nuadhachadh mòine, a bhith air an aiseag chun an latha an-diugh.

Nochd am pròiseact in-sheallaidhean luachmhor seachad air togail mòine; air ro-innleachdan ath-shìolachaidh gus bith-iomadachd àrdachadh agus cunntasachd air cothromachdan carboin, a' gabhail a-steach buannachdan nàdarra agus sòisealta. Air an dealbhadh 's air an togail le Daniel Postma bho Archaeo Build, chaidh na structaran sin agus farsaingeachd a' phròiseict iomlan a leasachadh bho rannsachadh le Tanja Romankiewicz (Oilthigh Dhùn Èideann).

Tha an làrach togail-mòine aig Croit Chomaraidh, eag-thuathanas ann an Siorrachd Pheairt, a tha ag amas air a bhith na mhodal airson ath-nuadhachadh dùthchail, ag amalachadh glèidhteachas, taigheadas buaidh-ìosal, iomairtean seasmhach, cur-seachadan, agus eag-thurasachd.



*Tha am pròiseact air an trèanadh a thoirt do choimhearsnachdan ionadail agus luchd-togail traidiseanta gus an stuth beò seo a chleachdadh airson am pròiseactan togail fhèin ann an saoghal nuadh-aimsireil a tha fo bhuidh atharrachadh gnàth-shìde. Air a thogail a' cleachdadh bhun-bheachdan air iasad bho ro-eachdraidh, le stuthan air iasad bhon talamh, tha am pròiseact seo a' cuimseachadh air àm teachdail le cothromachadh carboin.*

Dr Tanja Romankiewicz,  
University of Edinburgh





## Prìomhachas 2 – Cumhachdachadh choimhearsnachdan is àiteachan a tha fulangach agus in-ghabhalach

Tha timcheall air trian  
de dh'aiseagan stòras  
coimhearsnachd uile bho  
2015 air stòras dualchais a  
ghabhail a-steach.

(anailis HES air dàta Scottish Land Fund)

Tha an àrainneachd  
eachdraidheil a' faotainn taic bho  
obair **17,100 saor-thoileach.**

(Volunteer Scotland)

Tha Sgeama Conservation  
Area Regeneration air  
**£48m a bhuileachadh do  
69 sgeamaichean air feadh  
ùghdarrasan ionadail ann an  
Alba bho 2007, a' càradh 1,206  
togalaichean eachdraidheil  
agus air £120m de inbheisteadh  
a bharrachd a chosnadh.**

(HES)

### An diofar a tha sinn airson a dhèanamh:



#### Buil 4:

Tha na sgilean ceart aig buidhnean air a bheil cùram mun  
àrainneachd eachdraidheil agus tha iad nas fhulangaiche



#### Buil 5:

Tha barrachd chothroman aig coimhearsnachdan,  
com-pàirteachadh ann an co-dhùnaidhean mun  
àrainneachd eachdraidheil



#### Buil 6:

Tha an àrainneachd eachdraidheil nas eadar-mheasgte  
agus nas in-ghabhalaiche





**Tha àrainneachd eachdraidheil na h-Alba a' toirt dath agus eug-samhlachd gu ar cruthan-tìre, agus a' cumadh caractar is dearbh-aithne ar n-àiteachan.** Tha i fo chùram agus a' faotainn taic bho obair nam mìltean de bhuidhnean agus daoine fa leth, agus tro mhìltean de cho-dhùnaidhean gu bheilear a' tighinn gach seachdain air feadh na dùthcha. Bidh cuid de dhaoine a' dol an sàs ann an dualchas gu cùram a ghabhail do thogalaichean is charraighean-cuimhne sònraichte, cuid gus tuilleadh ionnsachadh mu an sgìrean ionadail no an comharrachadh, feadhainn eile gus cleachdaidhean, ciùird no cànanan a chumail beò.

Tha a' ghnìomhachd seo a' cumail suas obraichean is gnothachasan air feadh na dùthcha, a' cuideachadh le coimhearsnachdan ionadail a thogail agus a' brosnachadh ath-nuadhachadh agus suidheachadh àiteachan. Bhiodh ar n-àrainneachd eachdraidheil mòran nas bochda às aonais nan oidhirpean sin. Ach tha mòran buidhnean dualchais a' dèiligeadh ri gainneadan ionmhasail, obrach agus sgilean a tha a' bagairt an comais air cumail air adhart a' libhrigeadh nam buannachdan sin, no a dh'fheumas atharrachaidhean a bhith dèante air am modalan obrachaidh is gnothachais. Tha sealbhadairean prìobhaideach a' dèiligeadh ris na dùbhlain cheudna ann an cumail suas an stòrasan agus an oighreachdan. Tha daoine fa leth air fulang cuideachd thar nam bliadhnaichean mu dheireadh,

le clann agus daoine òga a' call chothroman ionnsachaidh is tlachd air sgàth a' phandamaig, agus chan eil mòran dhaoine ag obair gu saor-thoileach a-nis air sgàth slàinte, cùram, no adhbharan ionmhasail. Tha cuid de choimhearsnachdan Gàidhlig a' dèiligeadh ris a' chomas air an cànan agus na ceanglaichean a bha aca leis san àm a dh'fhalbh a chall, agus coimhearsnachdan eile air am bacadh bho dhualchas gu tur. Mar sin, feumaidh sinn dòighean ùra is ùr-ghnàthach a lorg air nithean a dhèanamh, gus ruigsinneachd a leasachadh agus dèanamh cinnteach gum bi àm teachdail fad-amail agus seasmhach aig gach neach air a bheil cùram mu àrainneachd eachdraidheil na h-Alba.



## Mar a nì sinn seo:

Tha gnìomhan libhrigidh mu choinneamh a' phrìomhachais seo a' gabhail a-steach:

- Obair gus eòlas nam buidhnean a leasachadh, a tha a' dèanamh suas na h-àrainneachd eachdraidheil agus am feulalachdan taic
- Prògraman làithreach àrdachadh gus sgilean gnothachais, planadh ro-innleachdail is leantainneachd, agus litreachas didseatach, adhartachadh tarsainn roinn dualchais na h-Alba
- Togail air agus lìonraidhean roinneil, nàiseanta is eadar-nàiseanta a leasachadh barrachd, gus co-obrachadh a bhrosnachadh agus taic a chur ri ùr-ghnàthachadh
- Barrachd chothroman a chruthachadh do dhaoine gus na cànanan is cultaran eadar-mheasgte a tha ag innse sgeulachd na h-Alba, a thuigsinn agus a chomharrachadh
- Togail air iomairt com-pàirteachaidh saor-thoilich Make Your Mark gus an àireamh, iomadachd agus seat-sgilean saor-thoilich dualchais fhàs
- Comhairle, stiùireadh agus brosnachadh a sholarachadh gus coimhearsnachdan a chomasachadh air stòrasan dualchais fhaotainn agus a stiùireadh
- Dèanamh cinnteach gum faod eadar-mheasgachadh de ghuthan com-pàirteachadh ann an co-dhùnaidhean mu dheidhinn na h-àrainneachd eachdraidheil, tro chonaltradh coimhearsnachd agus togail comais chuimsichte
- Obrachadh gus tuigse cho-roinnte do dhualchas cultarach do-bheantainn (ICH) adhartachadh tarsainn bhuidhnean poblach, agus taic do choimhearsnachdan ag obair le ICH a cho-thaobhadh
- Com-pàirt chloinne agus dhaoine òga adhartachadh tarsainn ar n-obair leis an àrainneachd eachdraidheil
- Obrachadh le ùghdarrasan agus solaraidhean foghlaim gus dualchas fhighhe a-steach tarsainn a' churraicealam.

## Sgrùdadh Cùise: Montrose Playhouse, Monadh Rois



### **Bho aisling mheadhanan sòisealta gu fìorachd: cumhachd na coimhearsnachd**

Faodaidh pròiseact Montrose Playhouse a leantainn air ais gu 2013, nuair a rinn dealbhaiche ailtireachd a rugadh ann am Monadh Rois, suas-lodadh gu na meadhanan sòisealta air planaichean tuairmeasach airson taigh-dhealbh ùr.

B' e an amar-snàmh fàsaichte ionadail an làrach a bha e air a thaghadh, a bha falamh on àm a chaidh goireas ùr a thogail faisg air làimh. Thog am post mheadhanan sòisealta aire fharsaing ionadail sa bhad agus b' e cuspair a phiobraich deasbadan coimhearsnachd mu dheidhinn ath-chleachdadh agus ath-nuadhachadh air an làraich, a' tarraing còmhach bho na pàipearan naidheachd mar a bha an sgeul a' fàs. Chaidh comataidh a chur ri chèile agus thòisich co-chomhairleachadh air àm teachdail na làraich.

Dh'obraich comataidh am Playhouse fad naoi bliadhna airson aisling an taigh-dhealbh agus ionadan cultair is ealain nas fharsaing anns a' bhaile, a mhaoineachadh agus a thoirt gu buil. Tron àm sin, lìbhrig a' choimhearsnachd ionadail an iomairtean maoineachaidh fhèin, a' cuideachadh leis an t-seann togalach a ghlanadh a-mach le taic bho ghnothachasan ionadail.

Tha Montrose Playhouse fosgailte a-nis mar thaigh-dhealbh fhreagarrachail trì-sgrionaichean le farsaingeachdan airson foghlam agus taisbeanaidhean, làrach reic agus cafaidh is bàr. Is e pròiseact a tha seo a tha cuimsichte air a' choimhearsnachd, air a ruith le saor-thoilich ionadail fon charthannas Montrose Playhouse Project SCIO.



*Seo an t-àite far an do dh'ionnsaich gach neach às an sgìre seo snàmh, mar sin bha ceangal fìor làidir aig daoine leis agus bha iad ag iarraidh ceann-uidhe dearbhach don togalach. Is e oidhirp fìr mhòr a bh' ann an togalach a fhreagarrachadh leis agus don choimhearsnachd. Tha sinn air leth toilichte gu bheil an làrach seo againn a dh'fhaodas a leithid a thoirt dhuinn air ais.*

**Matt Buchanan, Montrose Playhouse**





## Prìomhachas 3 – Togail eaconamaidh maitheis

**Tha 21 obair co-ionann ri làn-ùine** a' faotainn taic do gach **£1m** air a chosg air càradh, cumail suas, agus leasachadh air togalaichean làithreach na h-Alba – **40% nas àirde na ùr-thogte.**

(Fraser of Allander Institute)

Tha an àrainneachd eachdraidheil a' cumail suas **68,000 obair co-ionann làn-ùine.**

(SHEA)

Tha an àrainneachd eachdraidheil a' brosnachadh còrr air **£4.4bn sa bhliadhna do dh'eaconamaidh na h-Alba** le **£2.5bn** air a thogail tro chàradh is cumail suas agus **£1.9bn** tro thurasachd dualchais.

(SHEA)

**Tha 86% de dhaoine** ag aithris buannachd maitheis bho bhith com-pàirteachadh le dualchas.

(HES)

### An diofar a tha sinn airson a dhèanamh:



#### Buil 7:

Tha an àrainneachd eachdraidheil a' cur gu brìgheil ri eaconamaidh na h-Alba



#### Buil 8:

Tha an àrainneachd eachdraidheil a' solarachadh obair chothromach



#### Buil 9:

Com-pàirt mheudaichte leis an àrainneachd eachdraidheil, le cuimse air gnìomhachdan a tha ag àrdachadh sunnd



Tha an àrainneachd eachdraidheil a’ cruthachadh bhuannachdan eaconamach a tha cudromach do dh’Alba. Tha i a’ cruthachadh obraichean math uaine air feadh na dùthcha, agus tha i na prìomh adhbhar gu bheil na milleanan de luchd-tadhail a’ tighinn a dh’Alba gach bliadhna. Tha i a’ brosnachadh fhilmichean àibheiseach, geamannan bhidio, agus toraidhean bìdhe is dighe a tha aithnichte gu h-eadar-nàiseanta, agus a’ cruthachadh measgachadh de chothroman airson ionnsachadh, conaltradh sòisealta agus lùth-chleas. Tha a’ ghnìomhachd seo a’ cur taic ris na mìltean de ghnothachasan, a thuilleadh air gnìomhachdan a tha dearbhte ann am buannachdan slàinte agus sunnd do chom-pàirtichean. Mar sin, faodaidh an

àrainneachd eachdraidheil a bhith na prìomh stòras nar cuideachadh le eaconamaidh maitheis a thogail, agus siostam eaconamach a tha ag obrachadh taobh a-staigh chrìochan àrainneachdail a tha a’ comasachadh beatha mhath do ghinealaichean làithreach agus ri teachd. Tha ruigsinneachd air an amas seo a’ ciallachadh togail air na nithean a tha sinn a’ dèanamh mar-thà mar dhùthaich, agus a’ dèanamh cinnteach gun ruig na buannachdan measgachadh nas motha de dhaoine agus gu bheil sinn a’ dèanamh nithean ann an dòigh sheasmhach. Le bhith a’ dèanamh seo, bidh sinn a’ dèanamh cinnteach gu bheil na h-obraichean a tha sinn a’ cruthachadh nan obraichean cothromach agus brìgheil a tha ag obair do dhaoine agus do dh’obraichean.



### **Togail saidhbhreas coimhearsnachd tro stòrasan eachdraidheil:**

*Tha aiseag air stòrasan na Comhairle gu buidhnean coimhearsnachd air buaidh chudromach ath-nuadhachail a thoirt leis. Tha e a’ sealltainn fìor dheagh eisimpleir de cho-obrachadh agus com-pàirteachas eadar a’ Chomhairle agus a’ choimhearsnachd. Tha e air coimhearsnachdan a chuideachadh gu seilbheachd nas motha a ghabhail air an leasachadh fhèin, air cruthachadh obraichean a phiobrachadh agus air cuideachadh le àireamh-sluaigh a ghleidheadh ann an cuid de na coimhearsnachdan a tha nas iomallaiche.*

**Malcolm Burr,**  
Àrd-Oifigear, Comhairle nan Eilean Siar

### **Mar a nì sinn seo:**

Tha na gnìomhan libhrigidh mu choinneamh a’ phrìomhachais seo, a’ gabhail a-steach:

- Obair le com-pàirteachasan eaconamach roinneil gus an àrainneachd eachdraidheil fhighe a-steach ann an cruthachadh obraichean, ath-nuadhachadh ionadail, iomairt, agus togail saidhbhreas coimhearsnachd
- Obair airson buannachdan is ùidhean na h-àrainneachd eachdraidheil adhartachadh tro chonaltradh le fòraman nàiseanta, co-chomhairlean agus deasbadan
- Obair gus a dhèanamh cinnteach gu bheil solar a’ cur taic ri cleachdadh air cosnadh ionadail, sreathan solair seasmhach, agus cleachdadh air stuthan traidiseanta
- Modhan-obrach a thaobh turasachd chunntachail a leasachadh agus a roinn, a’ dèanamh cinnteach gu bheil turasachd a’ cur ris an eaconamaidh agus an àrainneachd
- Obrachadh le riaghaltasan na h-Alba agus na RA gus dèanamh cinnteach gu bheil seilbheachd anns an àrainneachd eachdraidheil

tro mhaoineachadh prìomh inbheistidh bun-structair, cuimsichte gu bhith na bhuannachd don dà chuid coimhearsnachdan agus an àrainneachd eachdraidheil

- Gabhail ri obair chothromach agus tuarastal bith-beò a stiùireadh tarsainn ghnothachasan àrainneachd eachdraidheil, tro iomairteachd agus ath-sgrùdadh air cumhachan maoineachaidh
- Obair le com-pàirtichean gus prògraman cosnadh a leasachadh agus a libhrigeadh, stèidhichte air cleachdadh obrach chothromach
- Com-pàirteachasan agus prògraman gnìomhachd a leasachadh gus an àrainneachd eachdraidheil ùisneachadh mar thaic do shlàinte agus sunnd
- Obrachadh gus bacaidhean air conaltradh aithneachadh agus a chur às, gus am faigh gach neach – a dh’aindeoin dualchas – buannachd bho àrainneachd eachdraidheil na h-Alba.





## Sgrùdadh Cùise: The Ridge, Dùn Barra

### Ag atharrachadh beatha tron àrainneachd eachdraidheil

Chaidh The Ridge a stèidheachadh ann an 2012 agus tha e air fàs mean air mhean on uair sin, a' brosnachadh atharrachadh a tha cruth-atharrachail. Tha am buidheann ag amas air obraichean agus cothroman trèanaidh a chruthachadh ann agus mu thimcheall Dhùn Barra, a' cleachdadh na h-àrainneachd eachdraidheil mar mhaide-stèidh airson beatha a shaidhbheachadh agus sunnd a leasachadh. Tha am buidheann a' creidsinn ann an luach an dualchais ionadail, a thaobh na dà chuid an àrainneachd nàdarra agus an àrainneachd thogte, agus ag iarraidh a dhèanamh cinnteach gum bi ginealaichean làithreach agus ri teachd comasach air tlachd a ghabhail às agus cùram a ghabhail dha. Mar phàirt de an gealltanais a thaobh atharrachadh cruth-atharrachail, bidh iad gu cunbhalach a' toirt aithisgean buaidh shòisealta gu buil.



Is e an amas aca:

- trèanadh agus taic a thoirt seachad gus daoine a chuideachadh le cosnadh freagarrach a lorg gu h-ionadail, glè thric tro chumail suas air togalaichean eachdraidheil
- raon de thaic dèantach a leasachadh gus cead a thoirt do bhuill nas so-leònte den choimhearsnachd faighinn seachad air bacaidhean, agus a' toirt a' chothruim do dhaoine an làn-chomas a choileanadh
- buannachdan pearsanta slàinte agus sunnd na h-àrainneachd eachdraidheil adhartachadh agus a dhèanamh faotainneil don eaconamaidh ionadail againn le bhith a' leasachadh meadhan-baile Dhùn Barra mar àite tàlaidh luchd-turais, a thuilleadh air àite tarraingeach do dhaoine ionadail airson a bhith a' còmhnaidh, ag obair agus a' ceannach ann.



*Tha sinn a' tarraing còmhla comas àibheiseach neo-leasaichte nan daoine as iomallaiche nar coimhearsnachd, gus làraichean falamh agus trèigte a chruth-atharrachadh air ais gu cleachdadh feumail, a' cruthachadh obraichean, a' toirt spionnadh don eaconamaidh ionadail agus a' cuideachadh ath-nuadhachadh, a' dèanamh Dùn Barra na àite nas fheàrr airson a bhith a' còmhnaidh agus ag obair ann.*

**Kate Darrah, The Ridge**



## A' tomhais Soirbheas

Sa chlàr gu h-ìosal, chuir sinn a-mach cuid de na tùsan a bhios sinn a' cleachdadh gus tuigsinn a bheil sinn air a bhith soirbheachail ann am builean na ro-innleachd seo a choileanadh.

Cha bhi e an-còmhnaidh comasach aon tùs fianais a-mhàin a chleachdadh gus soirbheachadh a dhearbhadh, mar sin gabhaidh sinn ri modh-obrach measgaichte ann an sgrùdadh air libhrigeadh mu choinneamh ar builean, le fianais air a tarraing bho dhàta àireamhail agus aithris sgrùdaidhean cùise. Far a bheil tùsan fianais freagarrach a dhìth, obraichidh sinn air dòighean ùra a chomharrachadh gus am fiosrachadh riatanach a ghlacadh. Gabhaidh sinn ri modh-obrach Dearg-Òmar-Uaine (RAG) gus coileanadh a sgrùdadh, stèidhichte air anailis air an raon de thùsan dàta a tha rim faotainn.

Gabhaidh aithris mu choinneamh na ro-innleachd seo dàta a-steach a chaidh a chruinneachadh do Scotland's Historic Environment Audit (SHEA): tha SHEA ag aithris air an fhìor-fhiosrachadh agus na figearan a tha a' dèanamh suas àrainneachd eachdraidheil na h-Alba, a' gabhail a-steach a stòrasan agus a daoine, agus ag amas air slàinte na h-àrainneachd eachdraidheil a chomharrachadh còmhla ri buaidh nan goireasan a tha air an cleachdadh airson a stiùireadh agus a dìon. Leanaidh SHEA a' solarachadh goireas feumail do gach neach a tha ag obair leis an àrainneachd eachdraidheil, agus dòigh air na mòran bhuannachdan a chomharrachadh a tha i a' tarraing do dhaoine agus do choimhearsnachdan air feadh Alba.



Prìomhachas	Builean	Tùsan Fianais
Libhrigeadh eadar-ghluasad cothromachadh-carboin	<ul style="list-style-type: none"> <li>Sgaoilidhean lùghdaichte bhon àrainneachd eachdraidheil</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Sgaoilidhean carboin co-cheangailte ris an àrainneachd eachdraidheil</li> <li>Tomhas agus aithris cunbhalach air lùghdachadh sgaoilidhean tarsainn na h-àrainneachd eachdraidheil</li> <li>Aontaidhean planaidh do fhreagarrachadh agus tomhaisean ath-leasachaidh iomchaidh</li> <li>Dàta bho Scottish House Condition Survey</li> <li>In-ghabhail air an àrainneachd eachdraidheil ann am planadh freagarrachaidh gnàth-shìde na roinne poblaich agus an ùghdarras ionadail</li> <li>Aithisgean bho bhuidhnean libhrigidh roinn àrainneachd eachdraidheil Plana Seilbheachd Sgilean</li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha an àrainneachd eachdraidheil nas fulangaiche do ghnàth-shìde</li> </ul>	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Slighean air an leasachadh gu sgilean àrainneachd eachdraidheil</li> </ul>	



Prìomhachas	Builean	Tùsan Fianais
Cumhachdachadh choimhearsnachdan agus àiteachan a tha fulangach is in-ghabhalach	<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha na sgilean ceart aig buidhnean aig a bheil cùram don àrainneachd eachraidheil agus tha iad nas fhulangaiche</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Fulangas fèin-aithrisichte buidhnean na h-àrainneachd eachraidheil</li> <li>Ag aithris bho phrògraman trèanaidh sgilean-nàiseanta agus togail-comais</li> <li>Stòrasan na h-àrainneachd eachraidheil ann an seilbh agus ann an cleachdadh coimhearsnachd</li> <li>An àrainneachd eachraidheil mar chuimse do dh'urrasan leasachaidh coimhearsnachd</li> <li>Innealan rim faotainn le coimhearsnachdan gus an cleachdadh ann an toirt buaidh air co-dhùnaidhean mun àrainneachd eachraidheil</li> <li>Iomadachd chosnaichean, thrèanaichean, phreantasan no shaor-thoilich</li> <li>Iomadachd dhaoine ann an Alba a tha a' com-pàirteachadh leis an àrainneachd eachraidheil</li> <li>Com-pàirteachasan agus iomairtean le buidhnean a tha a' riochdachadh dhaoine òga agus clann</li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha barrachd chothroman aig coimhearsnachdan cur ri co-dhùnaidhean mun àrainneachd eachraidheil aca</li> </ul>	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha an àrainneachd eachraidheil nas eadar-mheasgte agus nas in-ghabhalaiche</li> </ul>	

Prìomhachas	Builean	Tùsan Fianais
Togail eaconamaidh maitheis	<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha an àrainneachd eachraidheil a' cur gu cunntachail ri eaconamaidh na h-Alba</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Caiteachas ann an togail agus turasachd</li> <li>Obraichean a' faotainn taic bhon àrainneachd eachraidheil</li> <li>Daoine a' com-pàirteachadh ann an dualchas – obair shaor-thoilich agus ionnsachadh</li> <li>Beàrn pàighidh gnèitheach tarsainn roinn na h-àrainneachd eachraidheil</li> <li>Buidhnean àrainneachd eachraidheil creideasichte a thaobh Tuarastal Bith-beò</li> <li>Com-pàirteachasan agus iomairtean cuimsichte air sunnd</li> <li>Daoine a' gabhail tlachd às an àrainneachd eachraidheil</li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha an àrainneachd eachraidheil a' solarachadh obair chothromach</li> </ul>	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Sunnd leasaichte tro chom-pàirt leis an àrainneachd eachraidheil</li> </ul>	





**Bidh lìbhrigeadh deatamach ann an comasachadh gnìomh agus ann an coileanadh phrìomhachasan na ro-innleachd seo. Tha feum againn air gnìomh tarsainn Alba, bho raon de dhiofar bhuidhnean, daoine fa leth agus luchd-ùidhe.**

Ag obair còmhla, atharraichidh sinn prionnsabalan agus prìomhachasan na ro-innleachd seo gu gnìomh brìgheil. Bidh feum againn air modh-obrach in-ghabhalach agus follaiseach, mar aon a tha a' conaltradh le luchd-ùidhe bho mheasgachadh de chùl-raointean is roinnean.

Bidh dualchas aig cuid den luchd-ùidhe sin mar am prìomh adhbhar, fhad 's as dòcha nach eil beachd sam bith aig càch gur iadsan luchd-gleidhidh àrainneachd eachdraidheil na h-Alba. Cha bhi nì a dh'obraicheas do choimhearsnachd bhailteil co-ionann ris na dh'obraicheas do choimhearsnachd eileanach, agus cha bhi nì a dh'obraicheas do bhuidheann mòr ag obrachadh gu nàiseanta co-ionann ris na dh'obraicheas do bhuidheann ionadail stèidhichte sa choimhearsnachd. Mar sin, tha feum againn air an t-sùbailteachd lìbhrigidh atharrachadh gu bhith freagarrach do a leithid de dh'iomadachd ann am feumalachdan, agus frèam-obrach choitcheann a thabhann mar thaic do agus lìbhrigeadh èifeachdach a chomasachadh.

Tha pàirt dheatamach aig Riaghaltas na h-Alba ann an comasachadh lìbhrigeadh air an ro-innleachd, agus bidh feum againn air co-obrachadh taobh a-staigh agus eadar roinnean an riaghaltais agus buidhnean, ma tha sinn a' dol a choileanadh ar rùin, dìreach mar a tha feum againn air obair tar-roinneil agus roinn eòlais. Mar am buidheann poblach airson àrainneachd eachdraidheil na h-Alba, bidh prìomh stiùir aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba ann an lìbhrigeadh na ro-innleachd, agus ann an cuideachadh le modh-obrach co-cheangailte mar sin a ghoireasachadh. Bidh ùghdarrasan ionadail cuideachd nam prìomh chom-pàirtichean lìbhrigidh, gu h-àraid tro an uallaichean co-dhùnaidh.

Gus taic a chur ri riaghladh agus lìbhrigeadh na ro-innleachd aig ìre nàiseanta, thèid sreath de fhòraman is bhuidhnean obrach a stèidheachadh. Bidh Scotland's Historic Environment Forum (SHEF) a' ruith mar thachartas bliadhnail far am faod stiùirichean agus luchd-dèanamh poileasaidh bhon àrainneachd eachdraidheil agus roinnean buntainneach eile, a thighinn

còmhla gus beachdachadh le chèile agus cùisean a' tighinn am bàrr agus an ama ri teachd, a dheasbad. Bidh buidheann stiùiridh ro-innleachd, sam bi prìomh luchd-ùidhe agus stiùirichean air an tarraing bho air feadh Alba, le uallach airson riaghladh agus aithris air lìbhrigeadh na ro-innleachd.

Thathar a' sùileachadh gum bi cuid de na buidhnean obrach a chaidh a stèidheachadh mar thaic don ro-innleachd roimhe a lìbhrigeadh, a' leantainn orra (mar eisimpleir, iadsan cuimsichte air sgilean agus obair shaor-thoileach), mar a bhios Scotland's Strategic Archaeology Committee. Gheibh iad sin taic agus cuideachadh bho bhuidhnean ùra gus raon cuspaireil nam prìomhachasan ùra a chòmhdach. Tha mòran iomairtean an làthair mar-thà air feadh Alba gus taic a thoirt do dhualchas, agus obraichidh sinn le buidhnean leasachaidh na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, buidhnean san roinn

phoblaich agus luchd-maoineachaidh, gus uidheaman agus goireasan a thabhann a tha a' comasachadh agus a' cumhachdachadh lìbhrigeadh, co-obrachadh, agus roinn eòlais aig ìrean ionadail is roinneil. Tha sinn a' tuigsinn nach freagair an aon mheud air na h-uile, agus gum feum uidheaman sam bith a bhith air an atharrachadh gus freagairt air suidheachaidhean ionadail agus a bhith comasach air gluasad a rèir shuidheachaidhean ag atharrachadh.

Gheibh an ro-innleachd seo taic bhon làraich-lìn, a bhios a' gnìomhadh mar a' phrìomh àite fiosrachaidh. Solaraidh an làrach-lìn tar-shealladh air a' mhodal lìbhrigidh mar a bhios e a' fàs, còmhla ri ùr-fhiosrachadh agus fiosrachadh bho na buidhnean obrach agus iomairtean buntainneach sam bith eile. Bheir e aigheachd cuideachd do sgrùdaidhean cùise agus staitistearachd co-cheangailte ris an ro-innleachd agus ri a buileachadh.



## **Ag obair còmhla gu soirbheas:**

*Tha Iomairt Ceann a Deas Alba ag obair tarsainn mòran raointean den àrainneachd eachdraidheil, ag aithneachadh na dh'fheumas iad a dhèanamh airson maitheas na roinne. Tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' cur taic ris an ro-innleachd agus a' togail co-obrachadh le com-pàirtichean roinneil.*

**Jane Morrison-Ross,**  
Àrd-Oifigear, South of Scotland Enterprise



# Stiùridhean Ro-innleachdail

Bidh an ro-innleachd seo a' cur taic ri agus a' cuideachadh le lìbhrigeadh mu choinneamh ro-innleachdan agus planaichean nàiseanta is eadar-nàiseanta.




Diagram a' sealltainn co-thaobhadh na ro-innleachd ri Riaghaltas na h-Alba agus ri builean is amasan eadar-nàiseanta.

Ro-innleachdan nàiseanta	Eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin	Cumhachdachadh choimhearsnachdan is àiteachan a tha fulangach is in-ghabhalach	Togail eaconamaidh maitheis
Ro-innleachd Cultair do dh'Alba		✓	✓
National Strategy for Economic Transformation	✓	✓	✓
National Planning Framework 4	✓	✓	✓
A Connected Scotland: Social Isolation and Loneliness		✓	✓
Scottish Government Procurement Strategy 2022-2024	✓	✓	✓
Securing a green recovery on a path to net zero: climate change plan 2018-2032	✓	✓	✓
Future skills: action plan	✓		✓

Ro-innleachdan nàiseanta	Eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin	Cumhachdachadh choimhearsnachdan is àiteachan a tha fulangach is in-ghabhalach	Togail eaconamaidh maitheis
Volunteering: action plan		✓	✓
Making Things Last: a circular economy strategy for Scotland	✓	✓	✓
Ro-innleachd air teas ann an togalaichean	✓		
Ro-innleachd Obair Chothromach		✓	✓
The Environment Strategy for Scotland	✓		
Achd Cumhachdachaidh nan Coimhearsnachdan (Alba)		✓	✓
Infrastructure Investment Plan	✓	✓	✓
Scotland Outlook 2030	✓	✓	✓

Ro-innleachdan ri teachd	Eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin	Cumhachdachadh choimhearsnachdan is àiteachan a tha fulangach is in-ghabhalach	Togail eaconamaidh maitheis
Innovation Strategy	✓	✓	✓
Biodiversity Strategy	✓		
Energy Strategy	✓		
Mental Health & Wellbeing Strategy		✓	✓



© Àrainneachd Eachdraidheil Alba 2023

Faodaidh sibh am fiosrachadh seo ath-chleachdadh (ach a-mhàin suaicheantas agus iomhaighean) saor an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo chumhachan Open Government Licence v3.0 ach a-mhàin far a bheil a chaochladh air aithris. Far a bheil sinn air fiosrachadh chòraichean glèidhte a chomharrachadh, feumaidh sibh cead fhaotainn bhon luchd-glèidhidh chòraichean buntainneach.

Bu chòir do cheistean sam bith mun sgrìobhainn seo a chur gu:

Àrainneachd Eachdraidheil Alba  
Taigh Longmore  
Àite Salisbury  
Dùn Èideann  
EH9 1SH

+44 (0) 131 668 8600  
[www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

## Dealbhan

Duilleag 3  
Christina McKelvie MSP, Minister for Culture,  
Europe and International Development  
©Creative Commons

Duilleag 9  
Glasgow  
©Getty images

Duilleag 11  
Blackness Castle  
©Historic Environment Scotland

Duilleag 14  
Dunfermline  
©Visit Scotland

Duilleag 15  
The Ring of Brodgar  
©Visit Scotland

Duilleag 19  
Thermal image of The Hill House  
©Historic Environment Scotland and  
The National Trust for Scotland

Duilleag 20  
Edinburgh Castle  
©Historic Environment Scotland

Duilleag 21  
Comrie Croft  
©Historic Environment Scotland

Duilleag 23  
Muslim Scouts Hall, South  
Bridge Resource Centre  
©Historic Environment Scotland

Duilleag 24  
Pennan  
©Historic Environment Scotland.

Duilleag 25  
Montrose Playhouse  
©Montrose Playhouse

Duilleag 27  
Rubha Coigeach in Assynt  
©Shutterstock

Duilleag 28  
Glamis Castle  
©Visit Scotland

Duilleag 29  
The Ridge  
©The Ridge

Duilleag 33  
Islay Woollen Mill  
©Visit Scotland